




Dè as làidire,
gràdh no gràin?




A bheil barrachd
sonais no bròin anns
an t-saoghal?




A bheil e uair sam
bith ceart a bhith a' goid?
Mìnich do fhreagairt.




Carson a tha e
cudromach
a bhith a' bruidhinn
Gàidhlig?




Dè as cudromaiche
– a bhith ceart,
no a bhith coibhneil?
Mìnich do fhreagairt.




A bheil e uair sam
bith ceart a bhith
ag innse bhreugan?
Ma tha – cuin
a tha e ceart?




Dè as cudromaiche
– cumhachd,
airgead no cliù?




Dè an rud as fheàrr
as urrainn do phàrantan
a dhèanamh airson
an cuid chloinne?




Dè a' chomhairle
as fheàrr a fhuair
thu a-riamh?




Nam biodh
beathaichean
a' riaghladh an
t-saoghail, dè bhiodh
diofraichte?




Cò ris a bhios Alba
coltach ann an 100
bliadhna?



Cò ris a bhios an
sgoil coltach ann an
100 bliadhna?




Dè na h-obraichean
a tha airidh air
a' phàigheadh as
motha?




Nam b' urrainn dhut
obair duine sam bith san
t-saoghal a ghabhail
– cò thaghadh tu agus
carson?




A bheil coimpiutairean
math dhuinn?




Smaoinich air an teicneòlas
a bhios sinn a' cleachdadh a
h-uile latha. Ciamar a bhiodh
do bheatha diofraichte,
mura robh teicneòlas sam
bith agad?




Nad bheachd-sa,
dè an cuspair-sgoile
as cudromaiche?




Smaoinich air an tidsear
as fheàrr a bh' agad
a-riamh. Carson a bha
iad cho math?



Am biodh tu airson
d' ainm atharrachadh?
Carson?




Nam biodh daoine gad
chuimhneachadh airson ceudan
de bhliadhnaichean, dè bu
mhiann leat a dhèanamh airson
an cliù seo a chosnadh?




Dè an sealladh as
bòidhche air an
t-saoghal?



Dè amn fhuaim
as fheàrr leat?



Ciamar a bhiodh an
saoghal diofraichte nam
biodh an aon sùim airgid
aig a h-uile duine?



Nan robh thu nad
cheannard san sgoil agad,
dè dh'atharraicheadh tu?